

**NEACH-DEASACHAIDH, FACLAIR NA GÀIDHLIG**

**Adhbhar na Dreuchd**

Bidh thu ag obair air a' phròiseact eadar-oilthighe, Faclair na Gàidhlig, mar phàirt de sgioba de 5 Luchd-deasachaidh.

**Prìomh Dhleastanasan is Uallaichean**

1. Ag ullachadh inntridhean faclair airson Faclair na Gàidhlig agus tu a' cleachdadh an t-siostaim-fhaclaireachd againn, Meanma.
2. A' dèanamh dearbhadh air na h-inntridhean aig luchd-deasachaidh eile mar phàirt de na modhan co-mheasaidh againn.
3. Ag obair còmhla ri co-obraichean agus a' gabhail pàirt ann an coinneamhan sgioba is buidhne/seiminear/bùithtean-obrach mar phàirt de na pròiseactan rannsachaidh Faclair na Gàidhlig is Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig (DASG) agus còmhla ri daoine eile mar as iomchaidh.
4. A' gabhail chothroman a thaobh leasachadh proifeiseanta leantainneach gus piseach a thoirt air na h-ìrean coileanaidh agad san dreuchd.
5. A' coileanadh dhleastanasan reusanta eile nuair a thèid iarraidh ort leis an Àrd-Dheasaiche is leis an Stiùiriche Acadaimigeach.

**Teisteanasan Riatanach**

Ceum ann an Gàidhlig / Ceiltis (co-dhiù aig ìre 2:1), no teisteanas/eòlas co-ionann.

**Eòlas is Sgilean**

**Riatanach**

Comasan àrda ann an Gàidhlig, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh, agus sàr-eòlas air eachdraidh is leasachadh cànan is litreachas na Gàidhlig.

Sgilean sgrùdaidh fìor mhath agus eòlas air mion-sgrùdadh cànanach.

Sàr sgilean co-obrachaidh, conaltraidh is eadar-phearsanta.

Fèin-bhrosnachadh, tionnsgalachd agus smaoineachadh/obair neo-eisimeileach.

Sgilean èifeachdach eagrachaidh agus stiùireadh tìde.

Deagh sgilean TF.

**Nam buannachd**

Comasach air stòran-dàta agus corpasan cànan a chleachdadh.

Comasan ann an cànan Ceilteach eile.

Eòlas air a bhith a' dèanamh taisbeanaidhean rannsachaidh agus air foillseachaidhean a sgrìobhadh.

**Eòlas Obrach**

**Riatanach**

Eòlas air a bhith a' dèanamh mion-sgrùdadh air teacsaichean Gàidhlig.

Tha thu air dearbhadh gun urrainn dhut obair a dhèanamh ann an deagh àm agus gu h-èifeachdach gus toraidhean matha a libhrigeadh.

**Na bhuannachd**

Eòlas air a bhith ag obair ann an àrainneachd Ghàidhlig.